

## **Clann na Gàidhealtachd a' sealltainn Dealbh Mòr do Phàrlamaid na h-Alba.**

Aig cuirm ann an Dùn Èideann an-diugh, (12<sup>m</sup> An t-Ògmhios), cuiridh clann, à bun-sgoil san Eilean Sgitheanach, an làthair do bhuill de Phàrlamaid na h-Alba, am pròiseact ealain coimhearsnachd aca.

'S e taisbeanadh ann an Gàidhlig is Beurla mun Eilean Sgitheanach a tha sa phròiseact, air a bheil "An Dealbh Mòr." Chaidh am pròiseact a chur air dòigh 's a ruith le clann Lasair Ealain. Bha sgoilearan is luchd-teagaisg à Bun-sgoil Shlèite an sàs ann còmhla ris an neach-ealain ainmeil Julie Brook agus Kath NicLeòid, Oifigear Foghlaim An Tuireann.

Seo a' chiad phròiseact mòr a rinn Lasair Ealain – buidheann sgoilearan à Bun-sgoil Shlèite. 'S e an t-amas a th' aca pròiseactan ealain inntinneach a chur air chois agus a stiùireadh còmhla ri luchd-ealain dreuchdail bho iomadh meadhan.

Mar phàirt de Bhliadhna Chultarail na Gàidhealtachd 2007, tha Lasair Ealain a' toirt an taisbeanaidh aca, agus aithris mun phròiseact, gu ruige Dùn Èideann, Glaschu, Inbhir Nis, Port Rìgh agus Steòrnabhagh.

Ann a bhith a' stiùireadh agus a' ruith 'An Dealbh Mòr', bha na sgoilearan ag obrachadh còmhla ri ceathrar neach-ealain gus dealbh-tìre cheann a deas an Eilein Sgitheanaich a chomharrachadh. Eadar An Giblean agus An Dàmhair 2005, chaidh na sgoilearan a-mach timcheall cheann a deas an Eilein còmhla ri Julie Brook, Kath NicLeòid agus Sara Sine Nic an t-Saoir gus an dealbh-tìre a tharraing bho bhith a' beachdachadh oirre.

An dèidh sin, rinn a' chlann dealbhan mòra le gual-fhiodh agus rinn iad cuideachd obair le dathan uisge. Bha deagh thaisbeanadh dhe na dealbhan sin anns An Tuireann, san Eilean Sgitheanach. Chuir Lasair Ealain ceàrdlann air dòigh an uair sin gus sealltainn dhan phoball na dh'ionnsaich iad. An lùib seo, thug iad daoine a-mach airson latha gus dealbhan a tharraing. Chòrd seo cho mòr ri daoine 's gun deach iarraidh orra a dhèanamh a-rithist. Thòisich na sgoilearan an uair sin air dealbh mhòr, uabhasach – an obair dheireannach sa phròiseact seo. Chaidh an dealbh a chur air ùrlar an t-seòmair-bìdh ann an Sabhal Mor Ostaig, Colaiste na Gàidhlig san Eilean Sgitheanach.

Le bhith ag obair còmhla ri stiùiriche gluasaid, Clare Pencak, agus fear-dèanamh ciùil, Piers Hellawell agus an luchd-ealain lèirsinneach, rinn na sgoilearan an taisbeanadh aca air uachdar na deilbh leis an luchd-amhairc a' coimhead a-nuas o na gailearaidhean gu h-àrd. Thug an taisbeanadh sùil air atharrachadh nan creagan san Eilean Sgitheanach agus bha e ag innse mu na spreadhaidhean bholcànach on deach An Cuiltheann a chruthachadh.

Tha An Dealbh Mòr a' faighinn taic o Chomhairle na Gàidhealtachd; Bòrd na Gàidhlig, Prògram Leader nan Eilean Siar, An Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse Comhairle Ealain na h-Alba; An Tuireann; Comunn na Gàidhlig; Sabhal Mòr Ostaig; Urras Trèanaidh Telebhisean Gàidhlig; Determined to Succeed; agus SEALL.

**-crìoch-**